# Bòrd na Gàidhlig

**Geàrr-chunntas na Coinneimh:**
**Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan**
**Dimàirt 15/02/2021 09.30 – 10.45**

**Minute of the Meeting:**
**Policy & Resources Committee**
**Tuesday 15/02/2021 09.30 – 10.45**

**Buill Bùird an Làthair:**
Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML]
Màiri T NicAonghais [MTNA]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]

**Board Members Present:**
Donald MacLeod (Chair) [DML]
Mary T MacInnes [MTMI]
Johan Smith [JS]

**An làthair:**
Shona NicIllinnein, Ceannard [SNI]
Mairianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhais agus Chùisean Corporra [MS]
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig [SW]
Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

**In attendance:**
Shona MacLennan, Ceannard [SML]
Mairianne Stewart, Head of Finance and Corporate Affairs [MS]
David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]
Jim Whannel, Director of Gaelic Education [JW]
Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]

## 1.0 CUISEAN TÒISICHIDH / OPENING ITEMS

### 1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air Buill agus air luchd-amharc na coinneimh beò.

### Welcome & Apologies

The Chair welcomed members and those watching live to the meeting

### 1.2 A' Nochdadh Chom-pàirtean

MTNA – Oilthigh na Gàidhealtachd, Colaiste a' Bhatail Nuadh, Ceòlas
JNG – Comhairle nan Leabhraichean, Acair
DML – SQA, Comhairle nan Eilean Siar

### Declaration of Interests

MTMA – Lews Castle College, Newbattle Abbey College, Ceòlas
JS – Comhairle nan Leabhraichean, Acair
DML – SQA, Comhairle nan Eilean Siar

## 2.0 PLANA GNÌOMH 2021-22 / OPERATIONAL PLAN 2021-22

### 2.1 Plana Gnìomh 2021-22

Dh'aithris SNI air a' Phlana agus mar a thàinig e gu bhith. Tha am plana a' cur prìomhachas air suidheachaidhean air an tug Covid buaidh.

Bha ceistean aig Buill mu dè cho misneachail 's a tha an Sgioba-stiùiridh a thaobh a' Phlana agus a bheil iad a' smaoineachadh gun urrainn dhaibh an obair gu lèir a choileanadh. Dh'innis an Sgioba-stiùiridh mu atharraichean a tha iad air dèanamh gus am bi iad nas soirbheachaile.

Bha ceist aig Buill mu luach airgid aig a' Bhùird agus thug SNI fios mu dheidhinn a' phròiseis gus airgead a chosg.

Dh'inns Buill cho toilichte 's a bha iad gu bheil fòcas air coimhearsnachdan ionadail agus bailtean mòra.

Co-dhùnadh:
**DH'AONTAICH** Buill ri Plana Gnìomh 2021-22.

### Operational Plan 2021-22

SML spoke about the Plan and how it came about. The plan prioritises situations that are affected by Covid.

Members questioned how confident the Leadership Team are in the Plan and whether they will be able to complete all the work. The Leadership Team reported on the changes they had made to ensure they will be more successful.

Members questioned the value for the Bòrd's money and SML reported on the process for spending money.

Members expressed their satisfaction at the focus on local communities and cities.

Decision:
Members **AGREED** the 2021-22 Operational Plan.

## 3.0 IONMHAS

### 3.1 Dreachd Buidseat 2021-22

Thug Mairianne geàrr-chunntas seachad air an Dreachd Buidseat airson 2021/22. Mhìnich i gu bheil seo stèidhichte air an ìre de mhaoineachadh Tabhartas gus Cuideachadh ris a bheilear an dùil leis na h-aon chosgaisean ruith ris a' bhliadhna an-uiridh. Mhìnich i gun deach modh-obrach ùr a chleachdadh gus am buidseat leasachaidh ullachadh.

Bheachdaich Buill air atharrachaidhean sa bhuidseat bho bhliadhnaichean roimhe agus mu dhùbhlain ris am bithear an dùil.

Co-dhùnadh:
**DH'AONTAICH** buill an Dreachd Buidseat mar a chaidh a thaisbeanadh

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 18/05/2021

## FINANCE

### Draft Budget 2021-22

Mairianne gave an overview of the Draft Budget for 2021/22. She explained that this is based on an assumed level of grant-in-aid funding with the same running costs as last year. She explained that a new methodology was used to prepare the development budget.

Members discussed changes in the budget from previous years and challenges which could be expected.

Decision:
Members **APPROVED** the Draft Budget as presented.

Date for the next meeting: 18/05/2021